

## CÒMHRADH 02: Obair

### Work

Presenters: Gilleasbuig MacFhearghais (Gilleasbuig Ferguson)  
Eilidh NicFhraing (Eilidh Rankin)



ÌRE: **Bunaiteach-Meadhanach**  
CUSPAIR: **Obair**

**CAILEAN:**

Càite a bheil thu ag obair?

**MAIREAD:**

Tha mi ag obair ann an oifis ann am meadhan a' bhaile. 'S e rùnaire a th' annam.  
Càite a bheil thu fhèin ag obair?

**CAILEAN:**

Tha mise ag obair ann an àrd-sgoil dìreach air taobh a-muigh a' bhaile.

**MAIREAD:**

Oh, an e tidsear a th' annad?

**CAILEAN:**

'S e. 'S e tidsear matamataigs a th' annam.

**MAIREAD:**

A bheil fada bho thòisich thu san obair an sin?

**CAILEAN:**

Thòisich mi bho chionn còig bliadhna anns an sgoil seo. Ron a sin bha mi a' teagasg ann an sgoil eile ann an Inbhir Nis. Dè mu do dheidhinn fhèin? Cuin a thòisich thusa anns an oifis sin?

**MAIREAD:**

Oh, tha mu thrì bliadhna ann a-nis. Chaidh mi ann dìreach bliadhna às dèidh dhomh a bhith deiseil anns a' cholaiste.

LEVEL: **Beginner-Intermediate**  
TOPIC: **Work**

**CAILEAN:**

Where do you work?

**MAIREAD:**

I work in an office in the city centre. I'm a secretary. Where do you work?

**CAILEAN:**

I work in a secondary school just outside the town.

**MAIREAD:**

Oh, are you a teacher?

**CAILEAN:**

Yes. I'm a mathematics teacher.

**MAIREAD:**

Have you been working there for long?

**CAILEAN:**

I started work in this school five years ago. Before then, I was teaching in another school in Inverness. What about you? When did you start in that office?

**MAIREAD:**

Oh, about three years ago now. I went there just a year after I finished college.

## CÒMHRADH 02: Obair

### Work

Presenters: Gilleasbuig MacFhearghais (Gilleasbuig Ferguson)  
Eilidh NicFhraing (Eilidh Rankin)



**CAILEAN:**

Bheil an obair a' còrdadh riut?

**MAIREAD:**

Och, tha. Tha mi faighinn gu leòr rudan eadar-dhealaichte ri dhèanamh. Chan eil latha sam bith mar fhear eile agus 's e àite beòthail a th' ann. 'S fheudar gu bheil an teagasg a' còrdadh riut fhèin cuideachd?

**CAILEAN:**

Tha, gun teagamh.

**MAIREAD:**

Carson a thagh thu teagasg mar bheò-shlàint?

**CAILEAN:**

Uill, nuair a bha mi san sgoil, bha na tidsearan agam a' còrdadh rium gu mòr. Bha iad cuideachail is taiceil agus bha iad a' faighinn shaor-làithean fìor mhath cuideachd! Shaoil mi mar sin gur e deagh dhreuchd a bhiodh ann.

**MAIREAD:**

Tha na saor-làithean tarraingeach ceart gu leòr. Chan eil mise a' faighinn ach còig seachdain air falbh bho m' obair anns a' bhliadhna.

**CAILEAN:**

Carson is e obair rùnaire a thagh thu fhèin, ma-thà?

**MAIREAD:**

Bha mi riagh math air obair coimpiutair, bha mi toilichte am measg diofar dhaoine...

**CAILEAN:**

Do you enjoy the work?

**MAIREAD:**

Oh, yes. I get lots of different things to do. No day is like any other and it's a lively place. You must enjoy teaching too?

**CAILEAN:**

Yes, definitely.

**MAIREAD:**

Why did you choose teaching as a career?

**CAILEAN:**

Well, when I was in school, I really liked my teachers. They were helpful and supportive and they got fantastic holidays, too! As a result, I thought that would be a good profession.

**MAIREAD:**

The holidays are definitely appealing. I only get five weeks off work throughout the year.

**CAILEAN:**

Why did you decide to work as a secretary, then?

**MAIREAD:**

I was always good with computers, I enjoy mixing with different people ...

## CÒMHRADH 02: Obair

### Work

Presenters: Gilleasbuig MacFhearghais (Gilleasbuig Ferguson)  
Eilidh NicFhraing (Eilidh Rankin)

---



**CAILEAN:**

Agus tha thu an-diugh a' dèanamh obair a tha còrdadh riut!

**MAIREAD:**

Tha fios 'am. Tha mi air a bhith cho fortanach agus air cothroman sònraichte fhaighinn. Tha mi cho toilichte a-nis a' dèanamh an rud is toil leam ann an àite air leth.

**CAILEAN:**

Càite an tuirt thu a bheil thu ag obair?

**MAIREAD:**

Oh, 's mi an rùnaire aig Prìomh Mhinistear Alba!

**CAILEAN:**

And now you're doing a job you enjoy!

**MAIREAD:**

I know. I've been so lucky to have been given this wonderful opportunity. I am really glad that I'm now doing something I enjoy, in a great location.

**CAILEAN:**

Where did you say you worked?

**MAIREAD:**

Oh, I'm the secretary to the First Minister of Scotland.